

SGRÌOBHADH

FILEANTA



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

SGRÌOBHADH BEACHDAIL

1

Ma tha thu a' dol a sgrìobhadh **aiste bheachdail**, thathar a' sùileachadh gun toir thu seachad fiosrachadh mu chuspair sònraichte agus gun dèan thu argamaid airson, no an aghaidh, rudeigin co-cheangalte ris a' chuspair sin.

FILEANTA



A' PLANADH AISTE BHEACHDAIL

Tha dà sheorsa aiste bheachdail ann. An toiseach, faodaidh an sgrìobhaiche argamaid làidir a dhèanamh airson, no an aghaidh, cuspair air choreigin. Air an làimh eile ge-tà, tha aistean ann a choimheadas air dà thaobh de dh'argamaid.

Ach, ciamar a nì thu toiseach tàiseachaidh air an t-seòrsa aiste seo?

Càit an lorg thu fiosrachadh feumail?

- Anns an leabharlann
- Air-loidhne (rannsaich a' cleachdadhl prìomh fhacal/fhaclan leithid 'daoine gun obair ann an Glaschu' no 'nigheanan òga a' call cus cuideim'
- Irisean/pàipearan-naidheachd (ionadail agus nàiseanta)
- Tro na meadhanan – telebhisean, radio msaa.
- Tro agallamhan/ceisteachain/bruidhinn ri daoine sa choimhearsnachd.
- Ceangal ri obair ann an cuspairean eile... mar eisimpleir Eachdraidh/Nuadh-eòlas/Beurla.




CUIMHNICH

Dèan cinnteach gu bheil thu a' cleachdadhl fiosrachadh anns am bi earbsa aig an luchd-leughaidh, agus cum rian air cò às a tha gach pìos fiosrachaidh a' tighinn: bidh seo riatanach airson liosta stuthan rannsachaidh a chleachd thu ullachadh aig crioch a' phios sgrìobhaidh.



DÈ AN CRUTH A CHUIREAS TU AIR D' AISTE?



1. RO-RÀDH INNTINNEACH AIRSON AN LEUGHADAIR A THALADH

Mar eisimpleir:

Cha chreid mi gu bheil cuspair eile a tha cho connspaideach no ag adhbhrachadh barrachd deasbaid am measg dhaoine ri teicneòlas. Tha cuid den bheachd gur e droch rud a th' ann agus cuid eile deimhinne às gur e an rud a b' fheàrr a thachair a-riamh. Ge b' e dè an taobh den argamaid a tha gad thàladh, tha e doirbh beachdachadh air saoghal às aonais a leithid.

2. DÈAN AN CUSPAIR AGAD SOILLEIR

Mar eisimpleir:

Anns an aiste seo, thèid sùil a thoirt air feartan agus cunnartan teicneòlais. Saoil a bheil e fior an gabh coire a chur air teicneòlas airson gach rud a thèid ceàrr, no am biodh e fada na b' fheàrr coire a chur air na daoine a tha a' dèanamh cron leis?

3. A' CHIAD ARGAMAID – AGUS FIOSRACHADH A' CUR TAIC RI DO BHEACHD

Mar eisimpleir:

Chan eil againn ach sùil a thoirt mun cuairt oirnn agus chì sinn am feum a nì teicneòlas. Gu dearbh, rinn mi an rannsachadh airson na h-aiste seo air an eadar-lìon – uidheam a bheir dhomh a h-uile seòrsa fiosrachaiddh fon ghrèin. Cha robh agam ach aon fhacal – teicneòlas – a thaipeadh a-steach agus bha fiosrachadh a' taomadh a-steach orm bho gach taobh. Dè an ùine a chuirinn seachad a' coimhead airson fiosrachadh air teicneòlas – gun teicneòlas?

4. AN DÀRNA ARGAMAID – AGUS FIOSRACHADH A' CUR TAIC RI DO BHEACHD

Mar eisimpleir:

Bha droch sheachdain aig an teaghach againn nuair a chaidh mo sheanair a thoirt don ospadal ann an suidheachadh èiginneach air an deireadh-sheachdain. An duine bochd, bha e air grèim-cridhe a ghabhail agus bha e na laighe an siud air a cheangal ris a h-uile seòrsa inneil fon ghrèin. Ach, na gabh dragh, tha cùisean air seatlaigeadh a-nise. Shàbhail an uidheamachd a bheatha. A-nise tha e na shuidhe suas a' coimhead TBh beag, snasail, a' gearan air a' bhiadh air fòn-làimhe agus ag èisteachd ri òrain Ghàidhlig air an iPod agus 's e naidheachd mhìorbhaileach a tha sin. Tha aig an teaghach againne ri bhith taingeil gu bheil a leithid de theicneòlas ann.

5. AN TREAS ARGAMAID – AGUS FIOSRACHADH A' CUR TAIC RI DO BHEACHD

Mar eisimpleir:

Ach chan eil a h-uile càil mar bu chòir ann an saoghal teicneòlais. Tha cuid a' cumail a-mach gu bheil an còmhchradh a b' àbhaist a bhith eadar daoine air bàsachadh bhon a dh'fhàs teacsadh cho cumanta. Tha teaghlaichean a' feuchainn ri tighinn ri chèile airson biadh feasgar agus tha a' chlann air an greimeachadh cho mòr ri teicneòlas nach tog iad an ceann bho sgrion – fiù 's nuair a tha iad ag ithe. Chan e direach droch chleachdadh a tha seo ach cion modh agus chan urrainnear ach coire a chur air teicneòlas airson seo.

6. AN CEATHRAMH ARGAMAIÐ – AGUS FIOSRACHADH A' CUR TAIC RIS A' BHEACHD MU DHEIREADH SEO

Mar eisimpleir:

Dh'ainmich mi mar-thà mar a shàbhail teicneòlas beatha mo sheanar san ospadal, ach tha taobh cunnartach de theicneòlas ann cuideachd a tha air crion a dhèanamh air beatha iomadach duine.

Tha sinn uile eòlach air burraidhean agus burraidheachld, ach tha aig daoine a-nise ri bhith a' dèiligeadh ri burraidheachd de sheòrsa eile. Burraidheachd air-loidhne far am faic a h-uile duine fios no dealbh a tha a' goirteachadh no a' nàrachadh cuideigin agus far nach téid aige air càil a dhèanamh mu dheidhinn. Tha seo air trom-inntinn, no nas miosa, adhbhurachadh do thòrr dheugairean.

Nam b' urrainn do phàrantan sùil gheur a chumail air na tha a' tachairt air-loidhne 's dòcha nach biodh cùisean buileach cho dona, ach seall thusa dhòmhsha gille no nighean aig aois ceithir-deug no còig-deug a tha airson sealltainn dom pàrantan dè tha iad ris air-loidhne. 'S e sin an saoghal acasan agus tha e doirbh do phàrantan briseadh a-steach air an t-saoghal phearsanta a tha sin.

7. GEÀRR-CHUNNTAS – PARAGRAF A' MINEACHADH TAOBH A' CHUSPAIR

Mar eisimpleir:

Gun teagamh sam bith, tha teicneòlas air greimeachadh air beatha gach duine. Mas e 's gun do chaill thu prògram air Tbh, chan eil agad ach ri putan a bhruthadh agus nochdaidh e air do bheulaibh a-rithist. Chan eil agad ri èirigh às an t-sèithearn airson cuairt a ghabhail timcheall air bùthan mòra na Priomh Shràide. Gu dearbh cha tigeadh an aiste seo gu bith gun taic bho theicneòlas – math no dona. Faodaidh an leughadair inntinn fhèin a dhèanamh suas mu dheidhinn sin!

8. DO BHEACHD FHÈIN

Mar eisimpleir:

Air mo shon fhìn, tha mi air fàilte a chur air teicneòlas gu ire mhòr, ach chan urrainn dhomh ach a bhith draghail mu dhaoine òg a tha a' cleachdadhan eadar-lìn mar nach robh an comas aca a dhol an sàs ann an rud sam bith eile. Tha an t-eagal orm gu bheil cothroman àbhaisteach airson conaltradhan a dhèanamh gus a dhol à bith. B' fheàrr leam fichead uair bleidrich a dhèanamh anns an dòigh nàdarra seach a bhith a' bruthadh phutan airson mo smuaintean a chur an cèill. Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil sgoiltean anns a bheil casg air fònaichean-làimhe a' dèanamh suas ri 20% nas fheàrr ann an deuchainnean na sgoiltean a tha a' toirt cead do sgoilearan fònaichean a thoirt don sgoil. 'S dòcha gum bu chòir do cheannardan sgoile, tidsearan, pàrantan agus sgoilearan seo a leughadh.

9. CO-DHÙNADH

Mar eisimpleir:

Ge b' e dè do bheachd air teicneòlas, tha amharas agam nach dèan sinn an gnothach às aonais agus nach tèid againn air stad a chur air daoine bho bhith ga chur gu feum. Tha e ann, agus feumaidh sinn a chur an gnìomh ann an dòigh a tha iomchaidh agus a tha a' ciallachadh gu bheil buannachd ann don t-saoghal agus nach fhaigh e làmh-an-uachdair air na ceanglaichean àbhaisteach a bu chòir dhuinn a dhèanamh ri daoine eile. Teicneòlas – seadh, seadh – b' eòlach mo sheanar air!



CUIMHNICH

- Glac agus cùm aire an leughadair le ro-ràdh a tha tarraingeach agus inntinneach.
- Dèan do bheachd fhèin air a' chuspair follaiseach.
- Feumaidh gach argamaid fa leth a bhith ann am paragraf fa leth.
- Co-dhùnadh làidir – seall dhan leughadair gu bheil faireachdainn làidir agad fhèin mun chuspair.





AN RO-RÀDH

Feumaidh toiseach aiste sam bith a bhith làidir, tarraingeach. Tha a' chiad phàirt den sgrìobhadh agad uabhasach cudromach. Dèan cinnteach gu bheil an leughadair airson cumail air/oirre a' leughadh; mura bheil an toiseach agad a' glacadh an aire, cha bhi an leughadair airson cumail a' dol. Dh'fhaodadh an toiseach agad:

- toiseachadh le earrann/facail a thuirt cuideigin ainmeil/cuideigin le deagh ainm sa choimhearsnachd;
- bualadh gu h-aithghearr air dà thaobh de argamaid ... no
- toiseachadh le samhla/cànan annasach a tharraingeas an leughadair thugad.

Cleachd facail a cheangaileas do bheachdan còmhla. Nad sgrìobhadh, bidh thu a' toirt seachad grunn argamaidean airson, no an aghaidh, cuspair àraid agus feumaidh gach puing eadar-dhealaichte ceangal a dhèanamh ris na h-argamaidean eile.

Cleachd faclan coltach ri:

sa chiad
dol a-mach

a bharrachd
air an seo

a thuilleadh
air seo

chan e a-mhàin

anns an
fharsaingeachd

cuideachd

anns an aon döigh

mu
dheireadh

an toiseach

Dh'fhaodadh an co-dhùnadh/am paragraf mu dheireadh agad tòiseachadh le:



Bidh seo a' ciallachadh gu bheil an co-dhùnadh a' ceangal ris a' chòrr den sgrìobhadh.

Aig toiseach paragraf/cuspair:

A bharrachd air sin, a thuilleadh air sin, cuideachd, anns an aon dòigh. Seachain liosta 'anns a' chiad aite', 'anns an dàrna aite' msaa.

Co-dhùnadh:

Mar sin, anns a' cho-dhùnadh a' coimhead air ais, anns an aithghearrachd, mar thoradh air an sin, gus co-dhùnadh

Airson do bheachd a dhèanamh nas làidire:

Gun teagamh sam bith, gu cinnteach, gu dearbha, dha-rìribh

An lùib eisimpleirean a bheir thu seachad:

Mar eisimpleir, air sgàth, airson, bho, airson gum bi, a dh'aindeoin seo, ge-tà,



DÈ DO BHEACHD-SA?

RIAGHALTAS NA H-ALBA A' RÀDH
NACH FHEUM SGOILEAR SAM BITH
A-NIS ÈIDEADH-SGOILE A CHUR ORRA!

CHAN EIL AOIS 17 IQMCHAIDH AIRSON
DEUGAIREAN CEAD-DRAIBHIDH FHAIGHINN!



THA LEASACHADH AIR
DEALAN NIÙCLASACH
DEATAMACH!



TÒNA

Feumaidh tòna foirmeil a bhith air a chleachdadadh ann an sgrìobhadh beachdail. Cleachd seantasan slàn agus seachain ainmean/tiotalan air an giorrachadh.



A bheil teicneòlas air grèim ro theann fhaighinn air a h-uile duine againn?

Thuirt an t-eòlaiche saidheans Daibhidh Mac a' Ghobhainn, "Bidh barrachd fhònaichean-làimhe na bhios de dhaoine san Rìoghachd Aonaichte ro dheireadh na bliadhna."

Tha e soilleir gu bheil dà thaobh air an argamaid agus gum feum daoine na buannachdan agus na laigsean a chothromachadh gu ciallach.



Tha mise den bheachd gu bheil sin ceart agus, mar sin, feumaidh gu bheil e ceart.

Chan eil fhios agamsa ciamar a tha mi a' dol a thighinn gu co-dhùnadadh.

Tha teicneòlas dona dhut, tha e a' dèanamh cròn agus chan eil e a' dol a dhèanamh feum dhuinn ann an dòigh sam bit...



Obair 1: Comharraich an fheadhainn a bhuineas do bhuidheann ceart/ceàrr.

Obair 2: Sgrìobh na trì earrainnean 'ceàrr' a' cleachdadadh structar/tòna 'ceart'.

Obair 3: Obair Measaidh Caraid – dèan suaip air aon earrann 'ath-sgrìobhte' airson dreach earrainn air a cheartachadh bho do charaid. Feuch an urrainn dhut na sgilean aca a thaobh tòna/impidh a leasachadh.

**Obair 4:**

- Leugh an earrann seo agus freagair na ceistean.

BU CHÒIR DO DHAOINE TUILLEADH A LEUGHADH. DÈ DO BHEACHD?

Am bu chòir do dhaoine tuilleadh a leughadh no a bheil làithean an leabhair seachad? San latha an-diugh, tha iomadh dòigh aig daoine air an ùine aca a chur seachad. Faodaidh iad a bhith a' coimhead an telebhisein no a' dol air an eadar-lion, ag eacarsaich no a' dol a-mach còmhla rin caraidean. Fuirich mionaid, ge-tà. Tha cur-seachad eile ann. Cur-seachad a tha air a bhith mun cuairt airson iomadh bliadhna ach a chaidh a chur an dara taobh le teicneòlas agus cur-seachadan ùra. Smaoinich air seo a-nise. Cuin, mu dheireadh, a leugh thu fhèin leabhar bho thoiseach gu deireadh? An seo, feuchaidh mi ri mo bheachd-sa a thoir seachad air a' chuspair agus 's dòcha gun tèid agam air d' inntinn atharrachadh.

Tha eòlaichean ag innse dhuinn gu bheil aon duine ann an còigear ann am Breatainn an-diugh a' faighinn tàire le leughadh agus sgrìobhadh. Tha teicneòlas air na sgilean cànan aca a ghoid. Bheir leabhraichean cothrom do dhaoine na sgilean cànan aca a chur gu feum, coma leat dè an cànan a th' ann. Ann am beachd cuid, chan eil càil nas fheàrr na bhith a' làimhseachadh leabhar agus a bhith a' leughadh troimhe a' togail fiosrachadh mar a thèid thu air adhart. Tha sgrìobhadairean san latha an-diugh a tha a' toirt beatha do leabhraichean agus do leughadh a-rithist agus tha ath-bheothachadh air tighinn air sgrìobhadh do chloinn. Tha an sreath Harry Potter gu h-àraig air deagh chliù a thoir do leughadh a-rithist agus chuirinn-sa mo làn-thaic ri JK Rowling agus a leithid a tha air feum a dhèanamh do litearrachd ann an iomadh cànan air feadh an t-saoghal.

Ach, air an làimh eile, 's dòcha nach eil ùine aig duine airson leabhraichean a leughadh an-diugh bhon a tha beatha cho

trang againn uile. Tha daoine cleachdte ri fiosrachadh fhaighinn ann am prioba na sùla air an eadar-lion agus bho mhile sianal air an Tbh. Feumaidh leabhraichean chloinne a bhith tarraingeach airson 's gum bi iad airson an togail an àite a bhith a' ruith don eadar-lion. Feumaidh na daoine a tha a' cruthachadh leabhraichean sgoile a bhith mothachail air seo cuideachd. Cò thogas leabhar robach, dòrainneach nuair a tha coimpiutair goireasach, gleansach ri làimh? Saoilidh mi gu bheil an saoghal mòr agus farsaing gu leòr airson diofar ghoireasan rannsachaidh a chur an gnìomh.

Tha daoine a' cumail a-mach gur e "an t-ionnsachadh òg an t-ionnsachadh bòidheach". Uh-huh. Thadhail mi air oidhche ceasnachaidh sa bhun-sgoil o chionn ghoirid agus chuireadh e iongnadh ort na beàrnan a bha ann am fiosrachadh farsaing na cloinne. Bha cuspairean mar bhailean, aibhnichean, dùthchannan, litreachas, eachdraidh agus saidheans air am beulaibh, ach bha a' chlann bhochd na b' eòlaiche air prògraman Tbh gòrach no seinneadairean pop aig a bheil duilgheadasan pearsanta. Mo chreach - dè am feum a ni fiosrachadh mar seo dhaibh an ceann fichead bliadhna nuair a tha iad fhèin nam párrantan agus a' dol a-mach a dh'obair? Tha e cudromach gu bheil clann (agus inbhitch) a' faighinn cothrom air na sgilean agus am fiosrachadh a tha leabhraichean a' toirt dhuinn a thogail agus a leudachadh. Tha mi toilichte gun do rinn thu an gnothach crioch a chur air an earrainn agus gun tug thu cothrom dhomh beachdachadh air mar a chuireas daoine seachad am beatha. An gabh thu mo chomhairle? Fàgaidh mi sin agad fhèin, ach tha mi fhìn a' falbh air ais gu mo leabhar - chuir mi sios e mionaid no dhà airson mo bheachd a chur an cèill dhuibh!



Ceistean

1. A bheil an sgrìobhaiche airson no an aghaidh a' chuspair seo?
2. Tagh aon seantans a chleachd an sgrìobhaiche aig toiseach paragraf airson puing a thogail AIRSON na h-argamaid.
3. Tagh seantans a chleachd an sgrìobhaiche aig toiseach paragraf airson beachdachadh air puing AN AGHAIDH a' chuspair.
4. Inns carson a tha a' cheist, "Cuin', mu dheireadh, a leugh thu fhèin leabhar bho thoiseach gu deireadh?" cudromach.
5. Seall mar a tha seantans ann am paragraf sam bith
 - a. a' tarraing còmhla argamaid a thàinig roimhe
 - b. a' togail puing ùr san deasbad
 - c. a' ceangal dà thaobh de argamaid
6. Tagh facail/seantans a tha an sgrìobhaiche a' cleachdadadh airson feuchainn ri beachd an leughadair a thoirt gu aon taobh sònraichte den argamaid.
7. Saoil dè beachd an sgrìobhaiche fhèin?



Obair 5: Tagh aon de na cuspairean a leanas agus cleachd an structar a dh'ionnsaich thu anns an aonad airson d' aiste a phlanadh agus a chur ri chèile.

1. **Chan eil foghlam oilthigh feumail do dhengairean an-diugh.**
2. **Tha daoine ainmeil nan deagh iomhaighean do dhaoine òg.**
3. **Cha mhair cèl pop.**
4. **Tha daoine òg ag òl fada mus ruig iad aois ochd-bliadhna deug.**
5. **Bu chòir Alba a bhith neo-eisimeileach.**
6. **Chan eil beatha sa bhaile mhòr cho tarraingeach do dhaoine òg an-diugh.**

2

SGRÌOBHADH CRUTHACHAIL

FILEANTA




CÀIT A BHEIL MÀIRI?

- Anns a' chlas, cluichibh an gèam 'Càit a bheil Mairi?' Bheir an tidsear stiùireadh dhuibh agus eisimpleirean gu leòr!





A' CUR NAM MOTHACHAIDHEAN GU FEUM



FRADHARC



CLAISNEACHD



FÀILEADH



BLAS



FAIREACHDAINN





Obair 1

Ann an sgrìobhadh cruthachail a tha soirbheachail, gu math tric tha na mothachaidhean uile air an cur gu feum. Ma tha am pìos air a dheagh sgrìobhadh, bu chòir don leughadair a bhith a' faireachdainn an aon rud. Thoir suil air na h-eisimpleirean gu h-iosal agus smaoinich air mar a rinn an sgrìobhadair am pìos tarraingeach don leughadair.

"Mun cuairt orra nan dithis bha bìrach a' chogaich: salchar na talmhainn làn buinn 's a' glasasd mar ni beò. Bha gunna na laighe fishead slat bhuapa, agus mu thri fishead slat air falbh bha aodach saighdeir. An robh duine na bhroinn? An robh duine air a bhith uair na bhroinn? Canastairean an siud 's an seo: An robh duine air a bhith uair na seasadh duine. Fon t-salchar ud bha iomadh duine na clach no dhà air an seasadh duine. Fon t-salchar ud bha iomadh duine na laighe a' caitheamh air falbh anns a' phuinnsean..."
...Shuath Iain a làmh cheàrr ri bhriogais 's dh'fhaidh e a' phacaid thoitean na phòcaid. Chuala e iseann a' seinn dlùth ris. Bha 'n cogadh seo làn de iseannan, le guthan mar bhùrn, is air cùlaibh gach ni, casad tinn nan gunnachan."

(à Bùrn le Iain Mac a' Ghobhainn)

"Cha robh ni ri fhaicinn ach aon taigh air a' mhòintich. "Direach mar..."
... Air dha tighinn na bu dlùithe, chunnaic e cuideachd gun robh post no dhà nan laighe air an talamh, agus smaoinich e: "A' ghaoth." Bha an lios bheag air a leigeil bàs, agus dh'aithneachadh duine nach deach donn a bh' air, 's e air a bhriseadh an siud 's an seo. Cha robh fiù aon chearc ri faicinn: airson caora, cha bhiodh sùil ri sin (oir cha robh caoraich aca). Bha am feur timcheall an taighe fann agus tioram. Chanadh tu gun robh tinneas air choreigin air tuiteam air an àit, a' losgadh air falbh gach ni beò a bha faisg air. Bha an talamh a' deoghal an t-solais mu dheireadh às an adhar.

... Ach direach air dha a bhith a' dol a dh'fhosgladh an dorais, chual' e ceum slaodach a' tighinn thuige. Rinn am fiadh diosgail 's chunnaic e, mu choinneamh, seann chailleach timcheall air tri fishead 's a deich.

"Cò sibh?" ars ise.

Nach i bha aost! Bha 'n aonranachd air a h-aodann a chruadhachadh mar nach gabhadh na cnàmhan glasasd. Bha seana bheannag dhubbh air a ceann, 's bha stocainnean a' tuiteam mu casan. Fhad 's a bha i a' còmhradh ris, bha i a' sealltainn tarsainn air a ghualainn mar gum biodh i a' toirt an aire do rudeigin eile."

(À An Coigreach le Iain Mac a' Ghobhainn)

A' sealtainn sìos, chì i gu bheil a làmhan a' crith. A' togail a cinn a-rithist tha i a' glacadh aire a' bheathaich - an sùilean glaiste ann am blàr mì-chirrteach. Tha i a' call a h-aire airson diog. Gu h-obann tha am beathach a' gluasad agus tha i faireachdainn blas na fala - an aidreanailin a' spìadadh air feadh a cuir. Tha a cogais a' strì an aghaidh sgríachail na sabaid agus le priobadh neo-chiortach, tha i ga leigeil ma sgaoil.

(À An Sealgair le Fiann MacLeod, sgoilear Gàidhlig)



OBAIR!



Obair 2

Thoir sùil air na ceistean gu h-ìosal. Feuch aon cheist a-mhàin.

- a. Smaoinich air sealladh a tha sònraichte dhut fhèin ann an dòigh air choreigin – àite air a bheil thu uabhasach measail no 's dòcha àite nach toigh leat no a tha a' cur an eagail ort. Dèan dealbh le faclan den àite sin a' cleachdadadh nan còig mothachaidhean gu h-àrd (fradharc, claisneachd msaa) airson na faireachdainean agad a chur an cèill.
- b. Smaoinich air neach a tha sònraichte dhut – laoch no gaisgeach no cuideigin air a bheil thu air leth measail no cuideigin nach toigh leat idir no a tha a' cur an eagail ort. Dèan dealbh ann am faclan den neach sin a' cleachdadadh nan còig mothachaidhean gu h-àrd (fradharc, claisneachd msaa) airson na faireachdainean agad a chur an cèill.





A' DÈANAMH DEALBH LE FACLAN (GUN A BHITH AG INNSE DÈ THACHAIR)

Obair 3

- Leugh an dà earrainn gu h-iosal.
- Cò an earrann a b' fheàrr a chòrd riut? Carson?

a

Dh'fhosgail Seonaidh leth-shùil. Bha dealbhan a' snàmh agus a' seòladh air a bheulaibh mar iasg annasach ann an tanca. Pios bhuaite, chunnaic e cas. Cò bu leis i? Le stri mhòr, chuir e a làmh ga h-ionnsaigh, ach cha do ghreibich e air càil ach eagal.

b

Bha Seonaidh air a bhith ann an tubaist. Dhùisg e san ospadal agus bha e a' faireachdainn gu math neònach. Cha b' urrainn dha a chasan fhaireachdainn. Cha robh fhios aige dè bha air tachairt.



Obair 4

- Obraich còmhla ri caraid.
- Leughaibh a-mach toiseach nan stòiridhean gu h-ìosal.
- Smaoinichibh còmhla air na tha a' tachairt sna stòiridhean.
- Thoiribh seachad adhbhar airson sin a ràdh.
- A bheil a h-uile duine eile sa bhuidheann ag aontachadh?
- A bheil e gu diofar ma tha beachdan eadar-dhealaichte aig daoine?

a.

Cha diochuimhnich mi gu bràth e. Ruith mo bhràthair a-steach don taigh ag èigheach gun robh e falbh don Fhraing – e fhèin agus balaich eile a' bhaile. Chunnaic mi aodann geal mo mhàthar a' tionndadh air falbh agus chunnaic mi beatha a h-uile duine againn ag atharrachadh romhainn.

b.

Dh'fhosgail Calum a shùilean. Bha fàileadh neònach na shròn agus blas annasach na bheul tioram. Chaidh a làmh gu a stamag far an do għreibmich pian e, pian a bha a' sgreuchail na chluasan agus a thug air miannachadh gun robh e gun mhothachadh a-rithist.


c.

Bha am parsail na làimh - parsail beag céarnagach, mar bhogsa Choihead i suas air Iain agus air ais don bhogsa a-rithist. "Fosgail e," thuirt e ann an guth beag, nearbasach. An e seo a' mhionaid air an robh i air a bhith a' feitheamh bhom a thachair i ris?

Tha e doirbh a ràdh dè thug air
Dòmhnaill èirigh às a' chathair.
Ach b' e sin a rinn e agus, mar
a rinn e a h-uile oidhche eile,
thug e sùil a-mach an uinneag.
Bha obair aige ri dhèanamh
a-màireach. Saoil cò ris a
bhiodh an t-side coltach?
Cha b' e side a bha air aire
nuair a chunnaic e na solais
ud ge-tà - a' priobadh agus
a' dannsa air a bheulaibh,
ga tharraing a-mach don
ghàrradh agus don t-saoghal
mhòr, dhiomhair.

d.

Bha Seumas na sheasamh an
siud air cùl nan cùirtearan.
Pios bhuaithe, bha sluagh mòr
ga fheitheamh, sluagh a bha
air airgead a chosg agus ùine a
chur air dòigh airson a bhith ann.
Carson a bha e air chrith? Thog e
an giotàr gorm, gleannach a bha
cho mòr mar phàirt de bheatha.
Dh'fhairich e fallas air a làmhan.
Le uabhas, thug e an aire
gun robh na cùirtearan mòra,
meileabhaid a' fosgladh...



e.

f.

Rainig an treana meadhan a' bhaille aig
sia mionaidean gu nac i mar a b' àbhaist.
Choisich Máiri a-mach às an stèisean agus
chaidh i tarsainn an rathaid aig an aon
àite àbhaisteach. Dhirich i an staicdhere don
oifis - tri ceumannan deug - mar a
b' àbhaist. B' e latha a bha seo coltach ris a
h-uile latha eile...



Obair 5

- Coimhead air na dealbhan gu h-ìosal.
- Tagh 3 dhiubh.
- Feuch ri toiseach tòiseachaidh a chur ri chèile air an son.
- Feuch gun a bhith ag innse na stòiridh ach a bhith a' toirt seachad na stòiridh le dealbhan ann am faclan.
- Na sgrìobh ach a' chiad pharagraf.
- Tagh eisimpleir airson a leughadh don bhuidheann.
- Dè am beachd a th' aig daoine eile air an sgrìobhadh agad?
- A bheil molaidhean aca airson an earrann a dhèanamh nas fheàrr?





Obair 6

- Seall air an liosta de shuidheachaidhean gu h-iosal.
- A bheil thu a' faicinn dealbh ag èirigh às na faclan ann an gin dhiubh?
- Ma tha aon suidheachadh a' còrdadh riut, cleachd e ann an dòigh sam bith mar bhun-stèidh airson pìos cruthachail a sgrìobhadh.
- Mas e 's gun do thòisich thu air pìos math co-cheangailte ri dealbh ann an obair 3, lean ort a' cruthachadh sgeulachd shlàn às.
- Cùm ort a' leughadh thairis air na sgrìobh thu – thig stoidhle a' phìos thugad beag air bheag.
- Nuair a tha na sgeulachdan aig ire, gabhaidh am foillseachadh ann an leabhran clas.

a.

A' dràibheadh dhachaigh,
chunnaitc lain na solais
a' tighinn na b' fhaisge air...

b.

Gu cùramach,
chuir a' chailleach
an litir don chèis...

c.

Ged nach robh Seòras
ach trì bliadhna deug,
bha e mar-thà cho
gòrach ri inbheach...

d.

Mar fhaileg bhàn
a' sedladh os cionn
na mara, bha e saor...

e.

Air taobh thall na sràide,
bha cat beag, ruadh na
shuidhe a' cumail sùil
gheur orm.

f.

Bha saor-làithean riamh
ag adhbhrachadh dragh
do Chattriona agus cha
robh i ann an sunnd
a' tighinn far a' phléana.

g.

Fuar, fluich agus fada, fada
o dhachaigh, chuir Tomas na
seann phàipearan-haidheachd
fodha aon hair eile...

h.

Bha e cho ammoch 's
gun robh na rionnagan
a' smèideadh rium agus
a' cagair nam chluais
gun robh an t-àm agam
a dhol a laighe.

i.

An tug thu an aire
riamh don taigh bheag
robach aig fior cheann
an rathaid?

j.

"An ann ri spòrs a tha thu?"
dh'fhaighnich Cailean,
a' gabhail ceum air ais...

k.

"Ach ... ciamar a chaochail
mi?" dh'fhaighnich Alasdair,
a' coimhead le uabhas air
a' chloich air a bheulaibh.

l.

Sheòl a' ghaoth tarsainn
a' bhàigh, a' toirt leatha
sgudal a dh'fhàg am
muir-làn na bu thràithe.

m.

Choisich Mrs Pemberton-Smythe,
a bha air ùr-thighinn don bhaile,
a-steach do Oifis a' Phuist.

n.

Taigh gun chù, gun
chat, gun leanabh
beag...

o.

"Ah, 's e rud
uabhasach a tha sa
chianalas," dh'aidich
am bodach le osna.



3

SGRÌOBHADH MULTIREACHAS

Tha sgrìobhadh mu litreachas na phàirt cudromach de dh'obair sgrìobhaidh aig Ìre Nàiseanta 5. Anns an earrainn seo, bheir sinn sùil air na dòighean teicnigeach a tha sgrìobhadairean a' cleachdadhbh airson sgrìobhadh a dhèanamh tarraingeach agus mar a tha sinn ag aithneachadh deagh chleachdadhbh anns na dòighean-sgrìobhaidh seo.

FILEANTA



BRIATHRACHAS LITREACHAIS

Obair 1

Smaoinich air na gnothaichean teicnigeach a tha sgriobhadairean a' cleachdad gus aire an leughadair a ghlacadh.

fuaimelas

facal no sreach de dh'fhaclan far a bheil fuaim an rud a' tighinn troimhe gu soilleir – brag, sgailc, plubadaich

tíotal

facal no sreach de dh'fhaclan a tha a' tarraing an leughadair a-steach don sgeulachd mus tòisich i

meatafor

iomhaigh far a bheilear a' dèanamh coimeas eadar dà rud gu tur eadar-dhealaichte airson buaidh a thoirt air an leughadair

puingeachadh

mar eisimpleir, air sgàth, airson, bho, airson gum bi, a dh'aindeoin seo, ge-tà,

samhla

iomhaigh far a bheilear a' dèanamh coimeas eadar dà rud gu tur eadar-dhealaichte a' cleachdad "mar" no "cho ... ri..." msaa

ath-aithris

far a bheilear a' cleachdad an aon fhacail no sreach de dh'fhaclan barrachd air aon turas airson buaidh a thoirt air an leughadair

uaim

far a bheilear a' cleachdad an aon fhuaim aig toiseach facail ann an sreach fhaclan airson buaidh a thoirt air an leughadair

taghadh facail

far a bheil faclan sònraichte air an taghadh gu sònraichte airson buaidh a thoirt air an leughadair

pearsantachd

far a bheilear a' toirt caractar no pearsa no coltas no gnìomh do rud aig nach eil ceangal ri daoine airson buaidh a thoirt air an leughadair

**Obair 2**

Air an taobh chì, tha briathrachas litreachais. Tha eisimpleirean air an taobh eile, ach tha iad measgaichte. Maids an dòigh-sgrìobhaidh ris an eisimpleir cheart.

fuaimelas

Bha a falt na bhrat-ùrlar tiugh, ruadh.

tional

Bha am bëibidh beag brèagha
a' bocadaich agus a' breabail a casan.

meatafor

A-rithist agus a-rithist, dh'èigh i ainm.
A-rithist agus a-rithist, cha tāinig freagairt.

puingeachadh

Baic Briste mo Sheanar.

samhla

Dhùin an t-adhar a shùilean agus thàinig
an dorchadas na ruith.

ath-aithris

"A bheil thu gam aithneachadh?"
dh'fhaighnich an coigreach beag,
a' cur a-mach a làimh.

uaim

Shad e an dealbh don teine agus dh'fhàg
blàths an dòchais a chridhe.

taghadh facail

Shruth a deòir mar eas sios
cliathaich na beinne.

pearsantachd

Dhùin an uinneag le brag.



Obair 3

Leugh an earrann gu h-iosal. Dèan liosta de na dòighean-sgrìobhaidh gu h-àrd a tha an sgrìobhadair air a chur gu feum anns an earrainn. Seall, gach turas, mar a tha an dòigh-sgrìobhaidh air feum a dhèanamh do phios. (Smaoinich air amas na h-earrainn san fharsaingeachd nuair a tha thu a' dèanamh seo.)

A' Bhean Uaine

Sheas Catriona san rùm – cha robh i air a bhith ann on a bha i beag, biòdach.

Cha robh càil ri chluinntinn ach a cridhe a' plubadaich na broilleach mar bhuelle bhàsmhor an dorchadais. Dh'fhairic i fuachd is dh'fhairich i teas. Dh'fhairich i aonranas is dh'fhairich i sluagh ga cuairteachadh. Mus do chaill i a ciall, dh'fhairich i sùilean dall na shàimhchar ga leantainn gun sgur. Dè bha siud? Am faca i rudeigin ann an oisean an t-seòmair?

Dh'fheuch i ri bruidhinn. “A bheil d... d...?” ach cha tàinig crioch air an fhacal. Shluig i an sgreuch a bha air at na h-amhaich mar ubhal olc, puinnseanta – sgreuch a bhiodh air rabhadh a thoirt do chàch gun robh a' bhean uaine air tadhail air an taigh aon uair eile...



SGEULACHD GHOIRID

Obair 4

Mar chlas, leughaibh an sgeulachd Bùrn le Iain Mac a' Ghobhainn (Eadar Dà Sgeul) agus dèan an obair gu h-ìosal.

Obair 5

- Obraich còmhla ri caraid.
- Leughaibh an earrann bho "Stad Iain 's an Gearmailteach 's iad a' coimhead a chèile" gu "B' e latha ciùin a bh' ann. An-dràsta 's a-rithist chluinneadh tu brag 's dh' aithneachadh tu guth a' ghunna."
- Tha na tachartasan gu h-ìosal uile a' nochdadadh sa phios ud den sgeulachd. Lorg na h-earrannan às an sgeulachd a tha a' sealltainn nan rudan a leanas dhut.
- Sgrìobh a-mach na h-earrannan.
- Bidh na h-earrannan seo gu math feumail dhut nuair a tha thu a' sgrìobhadh mun stòiridh.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

- a. Bha Iain ag amas air a' Gearmailteach leis a' ghunna
"Bha 'n gunna aig Iain dìreach air an targaid: broilleach a' Gearmailtich."
- b. Bha an t-àite air a mhilleadh leis a' chogadh.
- c. Cha robh iad a' bruidhinn ri chèile idir. Bha iad dìreach a' coimhead air a chèile.
- d. Bha aodann a' Gearmailtich gu math geal.
- e. Bha e soilleir gun robh tòrr de na saighdearan marbh anns a' pholl.
- f. Bha eagal mòr air a' Gearmailteach gun robh Iain a' dol ga mharbhadh.
- g. Bha Iain uabhasach sgìth.
- h. Bha an Gearmailteach a' faireachdainn na b' fheàrr.
- i. Bha an Gearmailteach a' dèanamh an aon rud ri Iain, mar gun robh iad air an ceangal ri chèile.
- j. Beag air bheag, bha càirdeas a' fàs eadar Iain agus an Gearmailteach.



Obair 6

- Leugh a-rithist an earrann: “Lean a shùilean ceò an toitein a’ direadh. Trì bliadhna, trì bliadhna de a spiorad anns a’ chogadh seo” gu “Chual’ e an Gearmailteach a’ feuchainn ri: ‘Tha ’n cadal orm’ a ràdh.”
 - Freagair na ceistean gu h-ìosal.
1. Sgriobh dà rud a rinn Iain a bha a’ sealltainn gun robh e uabhasach sgìth.
 2. Carson a chaidh an sgrìobhadair air ais gu fuaim nan gunnachan a-rithist aig deireadh a’ chiad pharagraf?
 3. Dè cho fad ’s a bha Iain air a bhith an sàs sa chogadh?
 4. “Cha mhòr nach robh an Gearmailteach maol mar a’ chlach air an robh e na shuidhe.” Ciamar a bhiodh ceann an duine agus a’ chlach coltach ri chèile?
 5. Carson a bha e cho doirbh do dh’Iain agus don Gearmailteach eòlas a chur air a chèile?
 6. Nad bheachd-sa, dè na trì rudan as mothà a bha a’ cur dragh air Iain an latha ud? (Tagh trì às an liosta gu h-ìosal). Thoir seachad adhbharan airson do bheachdan.

Cianlas Sgitheas Acras Pathadh
Tinneas Eagal Bàs

7. Seall mar a bha Iain agus an Gearmailteach a’ feuchainn ri eòlas a chur air a chèile.



Obair 7

- Lion na beàrnan anns an earrainn gu h-iosal a tha stèidhichte air a' phios mu dheireadh den sgeulachd (bho "Chuir seo truas air Iain, gum feumadh duine e fhèin a chumail beò anns an dòigh ud" gu deireadh na sgeulachd).
- Feumaidh eòlas a bhith agad air deireadh na sgeulachd mus lion thu na beàrnan. Uaireannan, bidh feum agad air seantans/barrachd air aon fhacal airson am beàrn a lionadh.
- Leugh gu deireadh seantans gach turas mus dèan thu suas d' inntinn dè na faclan a chuireas tu ann.
- Dhèanadh e feum dhut an earrann air fad a sgrìobhadh a-mach. Bhiodh seo feumail dhut mar nota air an sgeulachd.

Bha Iain a' smaoineachadh air dè dhèanadh e nam biodh e ann an _____
a' Ghearmaillich. Bha e am beachd _____ a thoirt dha gus am faiceadh
e dè bhiodh a' tachairt. Chuir Iain a _____ mun cuairt air a bheul
ar-thist.

Cha robh na saighdearan a' _____ ri chèile ach bha iad a' feuchainn ri
bhith a' _____ air adhart gu math cùmhlach.

Air falbh bhon t-sabaid, cha b' e _____ a bha sa Ghearmailteach.
Ann na trainnsichean, bhiodh na saighdearan a' cur seachad iùine a'
agus cha robh fios aca cuin a bhiodh _____ ann.

Thàinig an sgeulachd mu charaid Ruairidh gu Iain. Mharbh _____
Ruairidh anns na trainnsichean. Thàinig an ionnsaigh às an adhar mar _____.

Bha _____ agus _____ uabhasach a' cur dragh
air Iain. Nuair a chunnait Iain làmh a' Ghearmaillich a' dol gu _____,
bha e cinnteach gur e _____ a bha na phòcaid. Bha _____
air aodann a' Ghearmaillich ach 's e cogadh a bha seo. Bha an dithis aca ag iarraidh
_____.

Gu h-obann, chuir Iain às don Ghearmailteach leis a' _____. Chaidh Iain a
choimhead air a' Ghearmailteach. Bha _____ ann am meadhan a bhroillich. Bha
Iain airson faighinn a-mach dè bha aig a' Ghearmailteach na phòcaid. Bha e a' faireachdann
gu math _____ nuair a chunnait e gur e _____
a bh' ann - an dearbh rud a bha e ag iarraidh. Bha an Gearmailteach ag iarraidh a bhith
ach mharbh Iain e. Bha am botal fosgailte agus bha an t-uisge
a' ruith às, direach coltach ri _____ a' Ghearmaillich.

Tha an stàridh seo a' sealltainn nach tig _____ à ogadh, ge b' e dè ni thu.
Ged nach robh tuigse aig na saighdearan, bha seòrsa de _____
ann ach a-nise tha an _____ marbh agus tha Iain a' faireachdann gu
math _____. Ged a bha am pathadh air Iain, cha b' urrainn dha aon
bhoinne den bhùrn _____.

Tha an sgeulachd ghoirid Bùrn a' fuireach ann an cuimhne an leughadair airson diofar adhbharan
ach tha _____ gu h-àraid a' toirt buaidh air an leughadair
bhon a tha _____ an dà chuid cumhachdach agus èifeachdach.



BÀRDACHD

- Obraich ann am buidheann.
- Èist ris a' bhàrdachd air faidhle-fuaim.
- Leugh a' bhàrdachd ghoirid seo agus freagair na ceistean na cois:

Geamhradh le Anna Frater

Tha sneachda nis

Far an deach mi nam theine

agus reothadh

air an àite anns an do leagh mi.

Tha sealladh mo leannain

A' tuiteam air clach.

Cha thuit mise tuilleadh.

Tha cànan mo ghaoil

A chaoidh na tosd.

Tha 'n geamhradh air tilleadh.





**a. "Tha sneachda nis
Far an deach mi nam theine
agus reothadh
air an àite anns an do leagh mi."**

- i. A' smaoineachadh air meatafor agus taghadh facail, mìnich mar a tha a' bhana-bhàrd a' sealltainn gu bheil i air dealachadh bho a leannan.
- ii. Beachdaich air dè cho soirbheachail 's a tha na dòigheansgrìobhaidh seo ann a bhith a' mìneachadh a' chuspair.

**b. "Tha sneachda nis
Far an deach mi nam theine
agus reothadh
air an àite anns an do leagh mi."**

- i. Beachdaich air mar a tha a' chiad phìos den earrainn air a phuingeachadh. Saoil Carson nach eil stad a' tighinn air na faclan bho thoisearch gu deireadh na h-earrainn.
- ii. Dè am feum a tha seo a' dèanamh do na tha a' bhana-bhàrd ag innse dhuinn?

**c. "Tha sealladh mo leannain
A' tuiteam air clach."**

- i. Coimhead air na faclan, "sealladh mo leannain". Beachdaich air Carson a thagh a' bhana-bhàrd na faclan seo. Dè am feum a tha seo a' dèanamh don dàn?
- ii. Dè na faireachdainnean a tha "a' tuiteam air clach" a' dùsgadh annad? Thoir seachad adhbhar airson do bheachd.

d. "Cha thuit mise tuilleadh."

- i. Carson, nad bheachd-sa, a tha seo a' seasamh mar sheantans leis fhèin san dàn?
- ii. Dè tha a' bhana-bhàrd ag innse dhuinn mun t-suidheachadh anns a bheil i a-nise?

e. “Tha cànan mo ghaoil
A chaoidh na tosd.”

- i. Uaireannan, dh’fhaodadh diofar leughadairean ciall eadar-dhealaichte a thogail à bàrdachd. Beachdaich air dè dh’fhaodadh a’ bhana-bhàrd a bhith a’ ciallachadh an seo. (’S dòcha gum b’ urrainn dhut smaoineachadh air an dà thaobh – taobh a’ charactair agus taobh an leannain.)
- ii. Seall mar a tha a’ bhana-bhàrd a’ sealltainn an seo gu bheil an gaol a bha eatarra air a dhol ceàrr.

f. “Tha ‘n geamhradh air tilleadh.”

Smaoinich air an loidhne mu dheireadh. A’ coimhead air na thuirt a’ bhana-bhàrd roimhe, seall mar a tha an tòna a chleachd i airson crìoch a chur air a’ bhàrdachd freagarrach airson innse mun t-suidheachadh. Beachdaich air carson a roghnaich i aon loidhne gu math goirid leatha fhèin aig an deireadh.

g. Chan eil pìos litreachais gu feum mura bheil e air buaidh phearsanta a thoirt air an leughadair. Seall mar a thug a’ bhàrdachd seo buaidh ort fhèin.





A' SGRÌOBHADH MU LITREACHAS: MEASADH DEIREADH AONAIT

Coimhead air an dà cheist gu h-iosal. Dèan taghadh eadar sgrìobhadh mu bhàrdachd no mu sgeulachd ghoirid. A' cleachdadh nan sgilean a chuir thu gu feum mar-thà anns an earrainn seo, freagair aon de na ceistean air litreachas gu h-iosal.




Sgeulachd ghoirid

Tagh nobhail no sgeulachd ghoirid a ghlac d' aire o chionn ghoirid. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air cuspair/ean, dòighean-sgrìobhaidh, caractar agus suidheachadh airson sealltainn mar a rinn an sgrìobhadair an gnothach air pìos èifeachdach a chur ri chèile.

no

“Chan eil nobhail no sgeulachd ghoirid gu feum mura bheil na caractaran làidir.” Tagh nobhail no sgeulachd ghoirid a leugh thu o chionn ghoirid agus seall na dòighean a chleachd an sgrìobhadair airson a dhèanamh cho tarraingeach dhut. Dh'fhaodadh tu cuideachd iomradh a thoirt air cuspair/ean, dòighean-sgrìobhaidh, agus suidheachadh airson sealltainn mar a rinn an sgrìobhadair an gnothach air pìos èifeachdach a chur ri chèile.



Bàrdachd

Tha cuspairean cudromach mar chogadh, gaol agus bàs cultair a' ruith tro bhàrdachd Ghàidhlig. Tagh pìos no pìosan bàrdachd a ghlac d' aire a thaobh cuspair. Dè na dòighean-sgrìobhaidh a chuir an sgrìobhadair gu feum airson an cuspair a mhíneachadh gu soirbheachail dhut?

no

Smaoinich air pìos bàrdachd a thug soilleireachadh dhut air cuspair sònraichte. Minich dè an cuspair a bh' ann agus mar a dhèilig am bàrd ris. Dh'fhaodadh tu cuideachd iomradh a thoirt air guth, iomhaigheachd, faclan sònraichte agus mar a thug a' bhàrdachd buaidh ort fhèin.



4

SGRÌOBHADH PEARSANTA

FILEANTA



Ann an sgriobhadh pearsanta, bidh thu a' sgriobhadh mu rudeigin a thachair dhutsa no air cuspair air a bheil thu fhéin gu math eólach.

Feumaidh tu innse mar a tha thu (no mar a bha thu) a' faireachdainn mun seo agus 's dócha mar a tha do bheachd air atharrachadh - mar eisimpleir, a' chiad turas a rinn thu rudeigin agus bha thu den bheachd gum biodh e gu tur eadar-dhealaichte.

Feumaidh tu, mar gum biodh, ceum air ais a ghabhail agus beachd a thoirt air na faireachdainean agad agus mar a dhéiliig thu ris an t-suidheachadh nuair a thachair e. Ach tha e cudromach gu bheil na beachdan agadsa agus do phearsa fhéin a' tighinn troimhe, gu bheil thu a' cur cànán gu feum a sheallas mar a bha thu a' faireachdainn aig an àm agus a tha a' cur an cèill do smuaintean agus d' fhaireachdainean air a' chuspair.

Ge b' e dé an cuspair a thaghlas tu (agus tha roghainn gu math farsaing agad), feumaidh e a bhith pearsanta - bidh thu a' sgriobhadh bho d' eòlas fhéin no mu na tha romhad fhéin, feumaidh deagh structar a bhith air (ach chan fheum e a bhith cho foirmeil ri aiste bheachdail) agus feumaidh tu deagh sgilean sgriobhaidh a chur gu feum ged a dh'fhaodadh an tòna a bhith caran neo-foirmeil.



Obair 2

Thoir sùil air na h-eisimpleirean gu h-iosal airson grèim agus tuigse fhaighinn air an stoidhle sgrìobhaidh seo:



Cleasachd: riamh bho chunnaic mi David Tennant air plèan 's mi air saor-làithean, cha robh mi airson dad eile a dhèanamh. Thug sinn uairean an uaireadair a' bruidhinn agus a' planadh na h-ath cheum ann an dreuchd leis an lasainn gach àrd-ùrlar air an deidhinn. Uill, cha do chuir dha-riribh, ach sin agad cleasachd – a' cur an ìre gur e cuideigin eile a th' annad airson latha, no uair a thìde no treiseag air choreigin.



Bha mi an dà chuid air bhoil agus le eagal mo mhionaich is mi a' dol dhan bhaile a choinneachadh mo charaidean aig an uair a dh'aontaich sinn. Agus creid gum biodh am bus air dhereadh air an latha seo seach latha sam bith eile!



Chithinn e le coimhead dhan sgàthan: am falt fada a bha gam fhàgail cho mì-thoilichte. Dhùin mi mo shùilean 's mi ag ùrnaigh gun atharracheadh an dath aige – fiù 's gum fasadh e beagan nas soilleire. Cha dèanadh maise-gnùis, stoidhle no aodach ùr falach air a' ghràin a bh' agam air an fhalt a bh' ann am fuli mo theaghlaich. 'Sin thu, Ginger. Trobhad is blàthraig mi.' Cho tric 's a thèid a leithid a ràdh ri daoine a tha air am pianadh le falt ruadh.





Cleachd measgachadh de structaran sheantansan agus faclan eadar-dhealaichte

Cha diochuimhnich mi gu bràth an latha ud. Uill, ma tha mi onarach, bu mhath leam a dhiochuimneachadh, ach cha leig an näire leam. Näire! Tha mo ghruaidhean air a dhol dearg a' cuimhneachadh air an latha shònraichte, chudromach, ghealltanach ud.

Bidh fiosrachadh **cudromach** an seo agus nì fiosrachadh mionaideach feum don sgrìobhadh. Dh'fhaodadh tu sgrìobhadh mu shuidheachadh air a bheil an leughadair eòlach ach air nach do smaoinich e roimhe. Seall na faireachdainnean a th' agad mun chuspair tro bhith a' stiùireadh an leughadair gu tuigse, seach a bhith dìreach ag innse dha dè thachair no dè do bheachd air rudeigin:

B' ann aig còig mionaidean gu meadhan-là Dimàirt a bhual am post clag an dorais. Aig ceithir mionaidean gu meadhan-latha dh'fheuch e a-rithist agus gun fhios aige gun robh mise air a dhol fom leabaidh agus gu math faisg air mo thoinisg a chall.

Cleachd na mothachaidhean – fradharc, claisneachd, blas, fàileadh agus faireachdann airson mìneachadh a dhèanamh air an t-suidheachadh:

Cho luath 's a chuala mi an geata a' fosgladh, thog mi oisean a' chùirteir agus thug mi sùil bheag a-mach. Dh'fhairich mi sa mhionaid mo bheul a' fàs tioram agus am fallas a' briseadh a-mach air mo làmhan. Nam chuinnlean, bha fàileadh an eagail. Bha làithean m' òige, làithean sona m' òige air tighinn gu ceann le aon fhosgladh den gheata.

Cleachd diofar dhòighean-sgrìobhaidh airson an suidheachadh a mhìneachadh – samhla, meatafor, tòna, ath-aithris, uaim, taghadh facail:

A' coimhead air ais, chan eil fhios agam an tèid agam air coire a chur air a' phost. Fear òg, dòigheil, neo-chiontach a bhiodh a' feadaireachd agus a' smèideadh ri daoine san dol seachad. 'S beag a bha dh'fhios aigesan dè bha e a' dèanamh. 'S beag a bha dh'fhios aigesan gun robh e a' fágail agam boma marbhtach a mhill mo bheatha gu bràth... Peilear puinnseanta a phut mi air a' pheirceall cho luath 's a thàinig mo phàrantan dhachaigh.

Dèan cinnteach gu bheil thu air an leughadair a tharraing a-steach don stòiridh buileach glan mus tig thu gu co-dhùnadh no mus tig an sgrìobhadh gu ceann:

A, a leughadair bhochd, èist ri mo sgeulachd dhuilich agus gabh mo chomhairle. Dèan cinnteach nach bi droch naidheachd a' tighinn chun an dorais agadsa mar a thàinig i thugamsa. Mise? Uill, canaидh cuid gu bheil rudeigin a-muigh an sin don a h-uile duine, ach saoil a bheil? Nam bithinn air beagan a bharrachd obair a dhèanamh airson nan deuchainnean, cha bhithinn a' smèideadh ri mo charaidean agus iad a' falbh don oilthigh air a' bhus aig còig mionaidean gu meadhan latha an-diugh...

Ach, nam faighinn grèim air a' phost ud...



Obair 2

- Thoir sùil air an liosta gu h-iosal.
- Cleachd an stiùireadh gu h-àrd airson pìos goirid a sgriobhadh air trì de na cuspairean.
- Faodaidh tu fhèin smaoineachadh air cuspairean mura bheil iad seo a' freagairt ort – cuimhnich gum feum an cuspair a bhith pearsanta dhut fhèin.
- Iarr air cuideigin eile sa chlas na pìosan agad a leughadh. Iarr air/oirre comhairle a thoirt dhut air ciamar a b' urrainn dhut sgriobhadh nas tarraingiche a dhèanamh.

1. An latha a dh'fhàgas mi an sgoil
2. A' chiad latha san sgoil/àrd-sgoil
3. An latha a buannaich mi duais
4. A' tadhail air an fhiacclair/dotair
5. A' fàs sgìth de Twitter
6. An turas a chaidh mi air chall
7. A' bhanais



8. Obair-dachaigh
9. Biadh
10. Saor-làithean sònraichte
11. A' coinneachadh ri cuideigin ùr
12. Dràibheadh
13. Ceòl an latha an-diugh
14. Anns na bùthan
15. Ag obair
16. Caraidean
17. A' dèanamh deiseil airson nan deuchainnean
18. Tachartas spòrs/air an àrd-ùrlar
19. Leam fhèin air eilean iomallach
20. Rudan a chuireadh tu gu rùm 101/rudan a dhubhadh tu às!





Obair 3

MEASADH DEIREADH AONAIT

Tagh eisimpleir a chleachd thu gu h-àrd agus leudaich am pìos, a' cur gu feum an stiùiridh a fhuair thu na bu thràithe san aonad agus a' chomhairle a fhuair thu bho do charaid. Bu chòir do sgrìobhadh a bhith mu 600 facal a dh'fhaid.

